

Chan eil Sinn gun Sùgradh

Chan eil sinn gun sùgradh sa cheàrn seo dhen dùthaich,
Bidh m' inntinn-sa dlùthadh gu sunndach gu ceòl
'S gun innis mi san duan dhuibh mu bhòidhche nan cluaintean
'S nan cas-ghleanntan uain' an do ghluais mi 'nam òig'.

Tha Éiseabhal stùcach le fraoch air a crùnadh
Toirt seallaidh dha m' shùil a bheir rùintean 'nam chòir;
Le aibhnichean luathais a' triall chun nan cuantan
'S nan garbh-thonnan uain' bhios a' sluaisreadh mun chòrs'.

Tha eunlaith nan speuran a' seinn air an sgéith ann
Le aiteas gun bheud ann an réidheachd 's an ceòl,
Ag itealaich sgèimheil cho bòidheach san iarmailt
'S a' caithream gu'm miann am measg riolainn is neòil.

Tha lochannan fì oruisg' aig bonn nam beann sì on-bhuailt',
Gur pailt lachainn riabhach ag iadhadh mun òb;
Tha am breac ann ri iasgach, gum faigh thu gu d' mhiann e —
'S gur taitneach am biadh e 's e riaracht' air bòrd.

Nuair thig àm h-Éill Pàdraig is aimsir na h-àilleachd
Bidh dì theanan àghmhor a' fàs feadh an fheòir;
Bidh 'n t-sòbhrag 's an cluaran ag òradh nan cluaintean
'S bidh ceileir na cuaich' mar as dual san t-seann nòs.

Ged a tha mi fàs aosta 's mo bheachdan air caochladh
Cha leig mi le baobhachd bhith 'g aomadh 'nam chòir,
Bidh subhachas daonnan ag iadhadh mo smaointean
'S bidh réimis gun daors' cumail faondradh air bròn.

An uair ghlacas am bàs mi aig deireadh mo làithean
Le carthannachd chàich théid mo chàramh fon fhòd
Ann an ì ochdar Chnoc Hàllainn am fianais na tràigh-ghil
Far an caidil mi 'n sàmhchair am measg nàbaidhean m' òig'.